

Slatan-tomhais

Eòlas Creideimh agus Moraltachd

Am Màrt 2017

Foghlam Alba

Stiùireadh air cleachdadh Slatan-tomhais airson Measadh Am Màrt 2017

Dh'ainmich [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) (Lùnastal 2016) aig Foghlam Alba gur e an dà phrìomh stòras a tha a' cur taic ri luchd-cleachdaidh gus ionnsachadh, teagasg agus measadh a phlanadh:

- **Eòlasan agus Builean**
- **Slatan-tomhais**

Tha Slatan-tomhais air an leasachadh gus soilleireachd a sholarachadh air na h-ìrean nàiseanta a thathar a' sùileachadh taobh a-staigh gach raon den churraicealam aig gach ìre. Tha iad a' mìneachadh loidhnichean adhartais a tha glè shoilleir ann an litearrachd is Beurla agus àireamhachd is matamataig, agus tarsainn gach raon eile den churraicealam bho Thràth-Ìrean gu Ceathramh Ìrean (Ciad Ìre gu Ceathramh Ìre ann an Nuadh-chànanan). Tha iad a' dèanamh soilleir na dh'fheumas luchd-ionnsachaidh de dh'fhiosrachadh agus a bhith comasach a dhèanamh airson adhartachadh tro na h-ìrean, agus taic a chur ri cunbhalachd ann am breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile.

Tha leasachadh sgilean mar phàirt iomlan de na Slatan-tomhais gus taic a chur ri barrachd tuigse cho-roinnte. Bidh tuigse do sgilean agus an ìre gu bheil iad a' leasachadh a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh ceanglaichean a thogail eadar an ionnsachadh làithreach agus an roghainnean dreuchdail is cosnaidh san àm ri teachd.

Tha slatan-tomhais a' tarraing còmhla agus a' grinneachadh raon fharsaing de stiùireadh measaidh a bh' ann roimhe (a' gabhail a-steach taobhan sònraichte de dh'ionnsachadh, de fhrèaman adhartais agus de dh'eisimpleirean le beachdan) mar aon phrìomh stòras airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan is luchd-cleachdaidh eile air adhartas chloinne agus dhaoine òga tarsainn gach raon den churraicealam.

Tha Slatan-tomhais air an deilbh gus taic a chur ri còmhradh proifeiseanta mar phàirt den phròiseas riaghailteachd gus measadh a dhèanamh air far a bheil clann agus daoine òga nan ionnsachadh. Cuidichidh iad le taic a chur ri modhan measaidh iomlanach tarsainn ionnsachadh. Cha bu chòir an comharrachadh dheth fa leth airson adhbharan measaidh.

Bu chòir slatan-tomhais airson litearrachd is àireamhachd an cleachdadh mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta thidsearan air coileanadh ìre. Ann an raointean eile den churraicealam, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile gu inbhean agus na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh chloinne agus dhaoine òga a thuigsinn agus a chomharrachadh. Thig fianais air adhartas agus coileanadh bho mheasgachadh de stòran, a' gabhail a-steach:

- amharc air ionnsachadh bho latha gu latha sa chlasrum, seòmar-cluiche no àrainn-obrach;
- amharc agus ais-fhiosrachaidh bho ghnìomhan ionnsachaidh a tha a' gabhail àite ann an àrainneachdan eile, mar eisimpleir, air a' bhlàr a-muigh no air greisean gnìomhachais;
- obair-cùrsa, a' gabhail a-steach dheuchainnean;
- còmhraidhean ionnsachaidh; agus
- measadh iomlanach ùineach air a phlanadh.

Slatan-tomhais ann an raointean curraicealam

Tha slatan-tomhais anns gach raon den churraicealam air an deilbh gu bhith sgiobalta agus ruigsinneach, le gu leòr de fhiosrachadh mionaideach airson nan inbhean a chonaltradh gu soilleir, a thathar a' sùileachadh mu choinneamh gach ìre den churraicealam.

Faodaidh tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile tarraing air na Slatan-tomhais gus an t-eòlas, tuigse, sgilean airson ionnsachadh agus beatha is obair a mheasadh, a tha clann a' leasachadh anns gach raon den churraicealam.

Ann an àrd-sgoiltean, faodaidh Slatan-tomhais taic a chur ri tidsearan speisealach chuspairean ann a bhith a' dèanamh mheasaidhean làidir air adhartas luchd-ionnsachaidh agus na h-inbhean a tha iad a' coileanadh. Cuidichidh iad tidsearan gu bhith cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh roghainnean iomchaidh agus gu bheil iad air an cur air adhart aig ìre iomchaidh airson Teisteanasan Nàiseanta san ìre as àirde. Seachainnidh seo eallach-obrach a tha tuilleadh 's a' chòir do thidsearan agus measaidhean neo-riatanach do luchd-ionnsachaidh. Mar eisimpleir, bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith air Eòlasan agus Builean buntainneach na Ceathramh ìre a choileanadh mus tòisich iad air teisteanasan Nàiseanta 5. Bu chòir do sgoiltean cunntas cùramach a ghabhail air an seo nuair a thathar ag aontachadh roghainnean do ÀS4. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdadh airson cuideachadh leis na beachdachaidhean cudromach sin.

Litearrachd agus Àireamhachd

Ann an litearrachd agus àireamhachd, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan a thaobh coileanadh ìre. Bidh breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan air an cruinneachadh agus air am foillseachadh aig ìrean nàiseanta, ionadail agus sgoile. Tha e cudromach gu bheil na breithneachaidhean sin làidir agus earbsach. Cha ghabh seo a choileanadh ach tro riaghailteachd èifeachdach air planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh.

Tha coileanadh air ìre stèidhichte air breithneachadh proifeiseanta thidsearan, air a dheagh fhiosrachadh tro raon fharsaing de dh'fhianais. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdadh airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air an raon de fhianais a chaidh a chruinneachadh gus a dhearbhadh gu bheil an inbhe a bhathar a' sùileachadh air a coileanadh, agus gu bheil an neach-ionnsachaidh air:

- **leud** ionnsachaidh a choileanadh tarsainn an eòlais, tuigse agus sgilean mar a tha iad air am mìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don ìre;
- dèiligeadh cunbhalach math leis an ìre **dùbhlain** a tha air a mhìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don ìre agus air gluasad air adhart gu ionnsachadh aig an ath ìre ann an cuid de thaobhan; agus
- air **gnìomhachadh** a thaisbeanadh anns na tha iad air ionnsachadh ann an suidheachaidhean ùra agus neo-aithnichte.

Chan eil e riatanach do luchd-ionnsachaidh maighstireachd a thaisbeanadh air gach taobh fa leth de dh'ionnsachadh taobh a-staigh Slatan-tomhais aig ìre shònraichte mus gluais iad air adhart chun na h-ath ìre. Ach, tha e cudromach nach eil beàrnan mòra sam bith ann an ionnsachadh chloinne is dhaoine òga nuair a thathar a' coimhead tarsainn nam prìomh eagraichean anns gach raon den churraicealam.

Planadh ionnsachadh, teagasg agus measadh a' cleachdadh nan Slatan-tomhais

A thuilleadh air [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) bho Àrd-Sgrùdaire Foghlaim na Banrigh, An Lùnastal 2016, mu adhbhar agus cleachdadh Shlatan-tomhais, bu chòir do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile a' chomhairle a leanas a thoirt fa-near.

| PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NÌTHEAR | PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NACH DÈANAR |
|---|---|
| <ul style="list-style-type: none"> Cleachd Slatan-tomhais litearrachd agus àireamhachd gus cuideachadh le sùil a chumail air adhartas a dh'ionnsaigh coileanadh ìre, agus gus taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta iomlan de an uair a tha neach-ionnsachaidh air ìre a choileanadh. | <ul style="list-style-type: none"> Seachain fòcas neo-riatanach air Slatan-tomhais fa leth a dh'fhaodadh toradh ann an cus measaidh no cus clàraidh air adhartas chloinne. |
| <ul style="list-style-type: none"> Fàs eòlach air Slatan-tomhais raointean eile den churraicealam rè ùine. | <ul style="list-style-type: none"> Seachain an riatanas a bhith a' tional tuilleadh 's a' chòir de dh'fhianais airson coileanadh luchd-ionnsachaidh a mheasadh. |
| <ul style="list-style-type: none"> Slatan-tomhais a chleachdadh gus cuideachadh le dearbhadh a bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas freagarrach a dh'ionnsaigh nan slatan-tomhais nàiseanta a thathar a' sùileachadh, agus am fianais a chleachdadh airson nan ath cheumannan dùbhlach ann an ionnsachadh, a phlanadh. | <ul style="list-style-type: none"> Na tòisich a' dèanamh bhreithneachaidhean air ìrean curraicealaim anns na raointean uile den churraicealam – cùm ri litearrachd agus àireamhachd. |
| <ul style="list-style-type: none"> Slatan-tomhais a dheasbad taobh a-staigh agus tarsainn sgoiltean gus tuigse cho-roinnte a ruighinn de na h-inbhean nàiseanta a thathar a' sùileachadh tarsainn raointean a' churraicealaim. | <ul style="list-style-type: none"> Na cruthaich dòighean-obrach mì-choltach no mionaideach le sgrùdadh agus tracadh. |
| | <ul style="list-style-type: none"> Na bi a' measadh Shlatan-tomhais fa leth. Planaig measadh ùineach is iomlanach air ionnsachadh chloinne is dhaoine òga. |
| | <ul style="list-style-type: none"> Na comharraich dheth Slatan-tomhais fa leth. |

Eòlas Creideimh agus Moraltachd Tràth-Ìre

| Eagraichearan Curraicealaim | Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh | Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh |
|---|--|---|
| Creideasan | <p>Mar a bhios mi a' rannsachadh sgeulachdan, ìomhaighean, ceòl agus dàin Chrìosdail, tha mi a' fàs eòlach air cuid de na creideasan a tha aig daoine Chrìosdail mu Dhia agus Ìosa.</p> <p style="text-align: right;">RME 0-01a</p> <p>Mar a bhios mi a' rannsachadh sgeulachdan, ìomhaighean, ceòl agus dàin, tha mi a' fàs eòlach air creideasan chreideamhan an t-saoghail, mu bheil mi ag ionnsachadh.</p> <p style="text-align: right;">RME 0-04a</p> <p>Tha mi a' leasachadh spèis do chàch agus mo thuigse do an creideasan agus luachan.</p> <p style="text-align: right;">RME 0-07a</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Roinn smuaintean agus a' faighneachd 's a' freagairt cheistean gus taic a thoirt agus tuigse a nochdadh do sgeulachdan, ìomhaighean, ceòl agus dàinⁱ bho Chrìosdaidheachd agus co-dhiù aon Chreideamh Saoghail eile. • Comharrachadh agus deasbad co-dhiù dà thaobhⁱⁱ de chreideamh. • Toirt seachad fiosrachadh agus beachd-smuaintean mu dheidhinn co-dhiù dà chreideas gu eòlasan pearsanta. |
| Luachan agus Cùisean | <p>Mar a bhios mi a' cluich agus ag ionnsachadh, tha mi a' meudachadh mo thuigse mu dè tha cothromach agus dè nach eil, agus mu cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt cùram do, a' co-roinneadh agus a' co-obrachadh le daoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RME 0-02a</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Roinn smuaintean mu dheidhinn dè tha cothromach, mì-chothromach, cùramach agus roinneil. |
| Cleachdaidhean agus Traidiseanan | <p>Tha mi a' fàs mothachail do chudromachd shubhachasan, fhèillean agus chleachdaidhean ann am beatha dhaoine Chrìosdail.</p> <p style="text-align: right;">RME 0-03a</p> <p>Tha mi a' fàs mothachail do chudromachd shubhachasan, fhèillean agus chleachdaidhean ann</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Roinn smuaintean agus a' faighneachd 's a' freagairt cheistean gus taic a thoirt agus tuigse a nochdadh do aon shubhachas, fèill agus cleachdadh ann an Chrìosdaidheachd agus co-dhiù aon Chreideamh Saoghail eile. |

ⁱ 'S e an dùil nach biodh na seòrsaichean sin uile air an gabhail a-steach. Bhiodh seo na chùis do bhreithneachadh proifeiseanta.

ⁱⁱ Dh'fhaodadh 'Taobhan' de chreideamh a bhith a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, ùrnaigh, adhradh, creideas ann an nì/nithean nèamhaidh, creideas ann an anam, msaa. Dh'fhaodadh e cuideachd a bhith a' gabhail a-steach buill-ealain, àiteachan msaa.

am beatha dhaoine cràbhach.

RME 0-06a

Tha mi a' leasachadh spèis do chàch agus mo thuigse
do an creideas an luachan.

RME 0-07a

Eòlas Creideimh agus Moraltachd Ciad Ìre

| Eagraichearan Curraicealaim | Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh | Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh |
|-----------------------------|--|---|
| <p>Creideasan</p> | <p>Tro rannsachadh sgeulachdan bhon Bhìoball, is urrainn dhomh iomradh a thoirt air cuid de chreideasan a tha aig Crìosdaidhean mu dheidhinn Dia agus Ìosa. RME 1-01a</p> <p>Le bhith a’ rannsachadh cuid de dh’àiteachan agus a’ sgrùdadh fhuigheallan, tha mi a’ leasachadh m’ eòlais air creideasan Crìosdail agus mo mhothachadh do àite Crìosdaidheachd anns a’ chomann-shòisealta Albannach agus anns an t-saoghal. RME 1-01b</p> <p>Tro rannsachadh sgeulachdan bho chreideamhan an t-saoghail, is urrainn dhomh iomradh a thoirt air am prìomh chreideasan. RME 1-04a</p> <p>Le bhith a’ rannsachadh cuid de dh’àiteachan agus a’ sgrùdadh fhuigheallan, tha mi a’ leasachadh m’ eòlais air creideamhan an t-saoghail agus mo mhothachadh do an àite anns a’ chomann-shòisealta Albannach agus anns an t-saoghal. RME 1-04b</p> <p>’S urrainn dhomh labhairt mum chreideasan fhìn, no an</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Toirt iomradh, deasbad agus nochdadh beachd air aon adhbhar aig a’ char as lugha mu aon chreideasⁱⁱⁱ bho Chrìosdaidheachd, aon Chreideamh Saoghail agus co-dhiù aon bhuidheann creideis a tha neo-eisimeileach do chreideamh.^{iv} • Toirt iomradh air agus a’ deasbad co-dhiù aon chreideas pearsanta agus aon eisimpleir aig a’ char as lugha de mar a dh’fhaodadh fèin-chreideasan buaidh a thoirt air gnìomhan. |

ⁱⁱⁱ Tha coltas gu bheil an ‘creideas’ airson a bheachdachadh, a’ tighinn bho raon de thùsan do gach buidheann creideimh/creideis. Dh’fhaodadh gu bheil no nach eil e sgrìobtaireil agus dh’fhaodadh gu bheil e a’ tighinn bho mheasgachadh de ghnèithean, mar eisimpleir, bàrdachd, sgeulachd, ceòl msaa, agus dh’fhaodadh gu bheil ìomhaighean na lùib bhon bhuidheann creideimh/creideis, ma tha sin iomchaidh. Tha an saorsa seo a thaobh gnèithean agus brosnachaidhean iomchaidh a thaghadh freagarrach tarsainn nan ìrean uile.

^{iv} Tha coltas gum bi ‘buidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh’, mar eisimpleir, Daonnaireachd. Ach dh’fhaodadh gur e buidheann a th’ ann cuideachd leithid carthannas a tha stèidhichte air prionnsapalan ‘neo-chreideamhach’. Mar a bhios luchd-ionnsachaidh ag adhartachadh tro na h-ìrean, dh’fhaodadh gun gabhar a-steach seallaidhean feallsanachail leithid feumachalachd.

| | | |
|------------------------------------|--|---|
| | <p>cur an cèill ann an dòighean eile. RME 1-01c</p> <p>Tha mi a' leasachadh spèis do chàch agus mo thuigse do an creideasan agus luachan. RME 1-07a</p> <p>Tha mi a' fàs mothachail gu bheil creideasan agus luachan aig cuid de dhaoine, a tha neo-eisimeileach do chreideamh. RME 1-09a</p> | |
| <p>Luachan agus Cùisean</p> | <p>An dèidh sgeulachdan às a' Bhìoball agus sgeulachdan Crìosdail eile a leughadh, 's urrainn dhomh mo thuigse leasachail a thaisbeanadh do phrìomh luachan Crìosdaidheachd, agus mar a dh'fhaodadh iad a bhith air an cur an gnìomh ann am beatha dhaoine agus choimhearsnachdan. RME 1-02a</p> <p>'S urrainn dhomh iomradh a thoirt air prìomh fheartan luachan Chrìosdaidheachd, a tha air an cur an cèill ann an sgeulachdan. RME 1-02b</p> <p>An dèidh sgeulachdan bho chreideamhan an t-saoghail a rannsachadh, 's urrainn dhomh mo thuigse leasachail a shealltainn, do phrìomh luachan nan creideamhan sin agus mar a dh'fhaodadh iad a bhith air an cur an gnìomh ann am beatha dhaoine agus anns na coimhearsnachdan. RME 1-05a</p> <p>'S urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air na prìomh fheartan ann an luachan chreideamhan an</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Toirt iomradh air agus a' deasbad aon luach^Y bho Chrìosdaidheachd, aon Chreideamh Saoghail, agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh, a' taisbeanadh mar a dh'fhaodte an luach seo a chur an gnìomh. • Toirt iomradh air agus a' deasbad aon luach pearsanta agus aon eisimpleir aig a' char as lugha, de mar a dh'fhaodadh fèin-luachan buaidh a thoirt air gnìomhan. |

^Y Dh'fhaodadh 'luach' a bhith a' gabhail a-steach phrionnsapalan mar neo-fhèinealachd, spèis, co-ionannachd. Mar a bhios luchd-ionnsachaidh ag adhartachadh tro na h-ìrean, faodar adhartachadh a bhrosnachadh tro rannsachadh air luachan ann an gnìomh seach ann am prionnsapal – mar eisimpleir, an àite a bhith a' rannsachadh luach cùraim do dhaoine eile san fharsaingeachd, dh'fhaodadh beachdachadh air an seo le bhith a' rannsachadh chùisean sònraichte moralta mar chòraichean daonna, cùisean gnèithe msaa.

| | | |
|--|--|--|
| | <p>t-saoghail, a tha air an cur an cèill ann an sgeulachdan.</p> <p>RME 1-05b</p> | |
| <p>Cleachdaidhean agus Traidiseanan</p> | <p>Tro rannsachadh nan coimhearsnachan Crìosdail nam sgìre ionadail, tha mi a' faighinn a-mach mar a tha coimhearsnachdan Crìosdail a' taisbeanadh an creideasan tro ùrnaigh, adhradh agus seirbheisean spèisealta, agus tha mi a' leudachadh spèis do chleachdaidhean agus thraidiseanan dhaoine eile.</p> <p>RME 1-03a</p> <p>Tha mo mhothachadh a' fàs do na dòighean sam bi Crìosdaidhean a' comharrachadh diofar amannan den bhliadhna, agus 's urrainn dhomh iad sin a cheangal rim bheatha fhìn agus ris a' choimhearsnachd.</p> <p>RME 1-03b</p> <p>Tha mi a' faighinn barrachd fios air mar a tha luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail a' taisbeanadh an creideasan tro ùrnaigh/meòrachadh, adhradh agus seirbheisean speisealta. Tha mi a' leasachadh spèis do chleachdaidhean agus traidiseanan chàich.</p> <p>RME 1-06a</p> <p>Tha mo mhothachadh a' fàs do na dòighean anns am bi luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail a' cumail diofar amannan den bhliadhna, agus 's urrainn dhomh iad sin a cheangal rim bheatha agus rim choimhearsnachd fhìn.</p> <p>RME 1-06b</p> <p>Tha mi a' leasachadh spèis do chàch agus mo thuigse do an creideasan agus an luachan.</p> <p>RME 1-07a</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Toirt iomradh air agus a' deasbad cudromachd co-dhiù aon seirbheis speisealta, subhachas agus dòigh air prìomh thachartas beatha ann an Crìosdaidheachd a chomharrachadh, aon Chreideamh Saoghail agus aon bhuidheann creideis neo eisimeileach do chreideamh. |

Eòlas Creideimh agus Moraltachd Dàrna Ìre

| Eagraichearan Curraicealaim | Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh | Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh |
|-----------------------------|---|---|
| <p>Creideasan</p> | <p>Tro rannsachadh agus meòrachadh air sgeulachdan a' Bhìobaill agus sgeulachdan Crìosdail eile, 's urrainn dhomh mo thuigse mu na sgeulachdan sin a shealltainn.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-01a</p> <p>Tro rannsachadh agus meòrachadh air sgeulachdan chreideamhan an t-saoghail, 's urrainn dhomh mo thuigse mu na sgeulachdan sin a shealltainn.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-04a</p> <p>Tro rannsachadh beatha agus teagasg Ìosa agus dhaoine eile ann an Crìosdaidheachd, tha mi a' meudachadh m' eòlais agus mo thuigse do phrìomh chreideasan Crìosdail.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-01b</p> <p>Tro bhith a' rannsachadh beatha agus teagasg dhaoine sònraichte ann an creideamhan an t-saoghail, tha mi a' meudachadh m' eòlais agus mo thuigse do am prìomh chreideasan.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-04b</p> <p>'S urrainn dhomh tuigse do chreideasan Crìosdail a shealltainn, agus na h-ionannachdan 's na dìofaran a rannsachadh eadar iad sin agus mo chreideasan</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Rannsachadh, toirt iomradh air, mineachadh agus cur an cèill beachd mu co-dhiù aon chreideas^{vi} bho Chrìosdaidheachd, aon Chreideamh Saoghail agus aon bhuidheann creideis a tha neo-eisimeileach do chreideamh. • Deasbad dhòighean sam faod fèin-chreideasan buaidh a thoirt air gnìomhan. |

^{vi} Dh'fhaodadh 'creideas' a bhith a' gabhail a-steach phrionnsapalan mar creideas ann an nì/nithean nèamhaidh, creideas ann am beatha às dèidh bàs, feum ann an ùrnaigh msaa. Mar a bhios luchd-ionnsachaidh ag adhartachadh tro na h-ìrean, faodar adhartachadh a bhrosnachadh tro rannsachadh chreideasan gu gnìomhach seach ann am prionnsapal – mar eisimpleir, an àite creideas neach fa leth ann am beatha an dèidh bàs, a rannsachadh, dh'fhaodadh beachdachadh air 'cùisean creideis' sònraichte a rannsachadh leithid tùsan na cruinne-cè, fianais do/an aghaidh beatha an dèidh bàs, msaa.

| | | |
|------------------------------------|---|--|
| | <p>leasachail fhìn.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-01c</p> <p>'S urrainn dhomh tuigse do chreideasan a tha ceangailte ri creideamhan an t-saoghail a shealltainn, agus na h-ionannachdan 's na diofaran eadar iad sin agus mo chreideasan leasachail fhìn a rannsachadh.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-04c</p> <p>Tha mi a' leasachadh spèis do chàch agus mo thuigse do an creideasan agus an luachan.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-07a</p> <p>Tha mo mhothachadh agus mo thuigse a' sìor fhàs do mo chreideasan fhìn agus bidh mi gan cur an gnìomh ann an dòighean deimhinneach.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-08a</p> <p>Tha mi a' meudachadh mo thuigse do mar a tha an creideasan fhèin a' tighinn gu daoine, agus a' leasachadh barrachd mothachaidh gu bheil iomadachd creideis ann an Alba an latha an-diugh.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-09a</p> <p>Tha mi a' leasachadh mo thuigse gu bheil creideasan agus luachan aig daoine, a tha stèidhichte air suidheachaidhean creideimh no suidheachaidhean eile.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-09b</p> | |
| <p>Luachan agus Cùisean</p> | <p>Tro rannsachadh agus smaoineachadh mu bheatha agus teagasg Ìosa agus prìomh fhigearan Crìosdail, agus a' tarraing air luachan moralta a tha air an innse ann an Crìosdaidheachd, tha mi a' tòiseachadh a' tuigsinn mar a thug iad buaidh air moraltachd Chrìosdail.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-02a</p> <p>Tro rannsachadh agus smaoineachadh mu bheatha</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Rannsachadh, toirt iomradh air, mineachadh agus cur an cèill beachd air co-dhiù aon luach bho Chrìosdaidheachd, aon Chreideamh Saoghail, agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh. • Deasbad dhòighean sam faod fèin-chreideasan buaidh a thoirt air gnìomhan. • Deasbad agus cur an cèill bheachdan mu chudromachd luachan mar ionracas, spèis agus co-fhaireachdainn. |

| | | |
|--|--|--|
| | <p>agus teagasg dhaoine sònraichte ann an creideamhan an t-saoghail, agus a' tarraing air luachan moralta mar a tha iad air an cur an cèill anns na sgrìobtairean creideimh agus ann an sgeulachdan eile, tha mi a' tòiseachadh a' tuigsinn mar a bha buaidh aca air moraltachd chreideamhan an t-saoghail.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-05a</p> <p>'S urrainn dhomh mo bheachdan, a tha a' sior leasachadh, a roinn a thaobh luachan leithid cothromachd agus ionannachd agus gràdh, cùram, co-roinneadh agus còraichean daonna.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-05b, RME 2-02b</p> <p>Tha mi a' leasachadh spèis do chàch agus mo thuigse do an creideasan agus an luachan.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-07a</p> <p>Tha mi a' leasachadh mo thuigse gu bheil creideasan agus luachan aig daoine, a tha stèidhichte air suidheachaidhean creideimh agus suidheachaidhean eile.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-09b</p> <p>'S urrainn dhomh a mhìneachadh mar a tha diofar dhaoine a' smaoinichadh gu bheil luachan, mar onair, spèis agus co-fhaireachdainn cudromach, agus tha mi a' nochdadh spèis do dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-09c</p> <p>Tha mi a' leasachadh mo thuigse do mar a tha mo chreideasan fhìn agus creideasan dhaoine eile a' toirt buaidh air ar gnìomhan.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-09d</p> | |
| <p>Cleachdaidhean agus Traidiseanan</p> | <p>Tha mi a' meudachadh m' eòlais agus mo thuigse do dhiofar sheòrsaichean adhradh agus buill-ealain Crìosdail, agus 's urrainn dhomh mìneachadh cho</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Rannsachadh, toirt iomradh air, mìneachadh agus cur an cèill beachd le adhbharan taic mu chudromachd co-dhiù a dhà bho thraidisean, cleachdadh, subhachas, deas-ghnàth, dòigh air prìomh thachartas beatha |

| | | |
|--|--|---|
| | <p>cudromach 's a tha iad do Chrìosdaidhean. RME 2-03a</p> <p>Tha mi a' meudachadh m' eòlais agus mo thuigse do dhiofar sheòrsaichean adhraidh agus buill-ealain ann an creideamhan an t-saoghail, agus 's urrainn dhomh an cudromachd do luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail, a mhìneachadh. RME 2-06a</p> <p>Tro rannsachadh nan dòighean sam bi Crìosdaidhean a' comharrachadh prìomh thachartasan beatha agus amannan den bhliadhna, 's urrainn dhomh prìomh fheartan mar fhèillean agus shubhachasan, a mhìneachadh. RME 2-03b</p> <p>Tro rannsachadh, agus le bhith a' meòrachadh air na dòighean a bhios luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail a' cumail prìomh thachartasan beatha agus amannan den bhliadhna, 's urrainn dhomh prìomh fheartan den leithid sin de fhèillean agus shubhachasan, a mhìneachadh. RME 2-06b</p> <p>'S urrainn dhomh cleachdaidhean agus traidiseanan Crìosdaidheachd a mhìneachadh, agus bheachdaich mi air an dòigh san tug iad sin buaidh air comann-sòisealta na h-Alba. RME 2-03c</p> <p>'S urrainn iomradh a thoirt agus meòrachadh air cleachdaidhean agus traidiseanan chreideamhan an t-saoghail. RME 2-06c</p> <p>Tha mi a' leasachadh spèis do chàch agus mo thuigse do an creideas an luachan.</p> | <p>ann an Crìosdaidheachd a chomharrachadh, aon Chreideamh Saoghail, agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh.</p> |
|--|--|---|

RME 2-07a

Tha mi a' leasachadh mo thuigse do mar a tha mo chreideasan fhin agus creideasan dhaoine eile a' toirt buaidh air ar gnìomhan.

RME 2-09d

Eòlas Creideimh agus Moraltachd Treas Ìre

| Eagraichearan Curraicealaim | Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh | Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh |
|-----------------------------|---|--|
| <p>Creideasan</p> | <p>An dèidh meòrachadh air tùsan Crìosdail, 's urrainn dhomh cuid de phrìomh chreideasan Crìosdail mu Dhia, Ìosa agus an suidheachadh daonna agus an saoghal nàdarrach a mhìneachadh, agus mar a tha na creideasan sin a' leantainn orra gu gnìomhan do Chrìosdaidhean.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-01a</p> <p>An dèidh smaoinichadh mu thùsan bho chreideamhan an t-saoghail, 's urrainn dhomh cuid de phrìomh chreideasan mu dhiadhachd, an suidheachadh daonna agus an saoghal nàdarrach a mhìneachadh, agus mar a tha na creideasan sin a' leantainn orra gu gnìomhan do luchd-leantainn nan creideamhan sin.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-04a</p> <p>Tro bhith a' rannsachadh agus a' meòrachadh air mar a bhios Crìosdaidhean a' cur an creideasan an gnìomh, 's urrainn dhomh meòrachadh air toraidhean mar a chuireas mi fhìn mo chreideasan an gnìomh.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-01b</p> <p>Tro rannsachadh agus smaoinichadh air mar a bhios luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail a' cur an creideasan an gnìomh, 's urrainn dhomh meòrachadh air toraidhean a bhith a' cur mo chreideasan fhìn an gnìomh.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-04b</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Rannsachadh agus mion-sgrùdadh co-dhiù aon chùis creideis^{vii}, tarraing air tùsan gus freagairtean bho Chrìosdaidheachd a mhìneachadh, co-dhiù aon Chreideamh Saoghail, agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh. • Mion-sgrùdadh na dàimh eadar fèin-chreideasan agus gnìomhan. |

^{vii} 'S e cùis creideis taobh sam bith de chreideas mum faodadh a bhith a' deasbad agus a' deasbaireachd, mar eisimpleir - Ciamar a thòisich an Cruinne-cè? A bheil Dia/diathan ann?

'S urrainn dhomh raon de chreideasan a mhìneachadh, a tha aig Crìosdaidhean mu na 'ceistean deireannach' agus com-pàirteachadh ann an còmhraidhean mun deidhinn.

RME 3-01c

'S urrainn dhomh raon de chreideasan a mhìneachadh, a tha aig luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail mu 'na ceistean deireannach' agus com-pàirteachadh ann an còmhraidhean mun deidhinn.

RME 3-04c

Tro mheòrachadh agus tro chòmhradh, 's urrainn dhomh raon de chreideasan a tha aig daoine a mhìneachadh, agus 's urrainn dhomh com-pàirteachadh ann an deasbadan mu 'na ceistean deireannach'.

RME 3-09a

'S urrainn dhomh eisimpleirean a thoirt air mar a bhios creideasan Crìosdail a' cur ri leasachadh na h-Alba, a-nis agus anns an àm a dh'fhalbh.

RME 3-01d

'S urrainn dhomh eisimpleirean a thaisbeanadh a thaobh mar a tha creideasan chreideamhan an t-saoghail a' cur ri leasachadh na h-Alba, a-nis agus san àm a dh'fhalbh.

RME 3-04d

Tha mi a' leasachadh spèis do chàch agus mo thuigse do an creideasan agus an luachan.

RME 3-07a

Tha mi a' leasachadh mo thuigse do mar a tha mo chreideasan fhìn agus creideasan dhaoine eile a' toirt buaidh air ar gnìomhan.

RME 3-09d

| | | |
|------------------------------------|---|--|
| <p>Luachan agus Cùisean</p> | <p>An dèidh smaoinichadh mu fhreagairtean Crìosdail do chùisean moraltachd, 's urrainn dhomh deasbad air dòighean air coimhearsnachd nas cearta, nas co-ionann, nas co-fhaireachdainneile agus nas fhoighidnich, a chruthachadh.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-02a</p> <p>Tro rannsachadh agus meòrachadh air freagairtean chreideamhan an t-saoghail do cheistean moraltachd, 's urrainn dhomh deasbad mu dhòighean air coimhearsnachd a tha nas cearta, nas co-ionann, nas co-fhaireachdainneile agus nas fhoighidnich, a chruthachadh.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-05a</p> <p>'S urrainn dhomh mo thuigse a tha a' sìor fhàs mu luachan moralta a thaisbeanadh, tro chom-pàirteachadh ann an tachartasan agus pròiseactan a tha a' dèanamh diofar deimhinneach do dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-02b</p> <p>'S urrainn dhomh mo thuigse, a tha a' sìor fhàs, a thaisbeanadh mu luachan moralta, tro chom-pàirteachadh ann an tachartasan agus pròiseactan a tha a' dèanamh diofar deimhinneach do dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-05b</p> <p>'S urrainn dhomh innse mar a tha luachan Crìosdaidheachd a' cur ri, agus a' dùbhlachadh, comann-sòisealta na h-Alba agus comainn-shòisealta eile.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-02c</p> <p>'S urrainn dhomh a mhìneachadh mar a tha luachan chreideamhan an t-saoghail a' cur ri agus a' dùbhlachadh, comann-sòisealta na h-Alba agus comainn-shòisealta eile.</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Rannsachadh agus mion-sgrùdadh co-dhiù aon chùis moralta^{viii}, tarraing air tùsan gus freagairtean bho Chrìosdaidheachd a mhìneachadh, aon Chreideamh Saoghail, agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh. • Mion-sgrùdadh mar a dh'fhaodadh mar eisimpleir, ionracas, spèis agus co-fhaireachdainn a chur an gnìomh a thaobh co-dhiù aon chùis mhoralta, a' taisbeanadh buaidh air a' chomann-shòisealta. • Nochdadh beachd le adhbharan taic mun dàimh eadar fèin-luachan agus gnìomhan. |
|------------------------------------|---|--|

^{viii} 'S e cùis mhoralta beachd/creideas sam bith mu mhoraltachd air a bheil deasbad agus deasbairteachd – mar eisimpleir, iutanàsia, casg-breith, msaa.

| | | |
|--|---|--|
| | <p style="text-align: right;">RME 3-05c</p> <p>Tha mi a' leasachadh spèis do chàch agus mo thuigse do an creideasan agus an luachan.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-07a</p> <p>Tha mi a' leudachadh mo thuigse fhìn mu luachan leithid onair, spèis agus co-fhaireachdainn, agus 's urrainn dhomh a chomharrachadh mar a dh'fhaodadh na luachan sin a bhith air an cur an cèill a thaobh cheistean moralta.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-09b</p> <p>'S urrainn dhomh a mhìneachadh mar a tha na diofar chreideasan a tha aig daoine, a' gabhail a-steach chreideasan a tha neo-eisimeileach bho chreideamh, a' ceangal rim beachdan moralta agus mar a tha seo gan stiùireadh gu ceistean moralta a fhreagairt.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-09c</p> <p>Tha mi a' leudachadh mo thuigse mu nàdar creideis agus moraltachd.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-09d</p> | |
| <p>Cleachdaidhean agus Traidiseanan</p> | <p>Tro rannsachadh, agus meòrachadh air traidiseanan, cleachdaidhean agus nòsan Crìosdail, 's urrainn dhomh am brìgh a mhìneachadh do Chrìosdaidhean tarsainn raon de Thraidiseanan Crìosdail Albannach.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-03a</p> <p>Rannsaich, agus smaoinich mi mu prìomh sheirbheisean agus chleachdaidhean creideamhan an t-saoghail, agus 's urrainn dhomh am brìgh a mhìneachadh do luchd-leantainn nan creideamhan.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-06a</p> <p>Tha mi a' meudachadh mo thuigse mu iomadachd creideamh na h-Alba, a thuilleadh air an àite a tha aig</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Rannsachadh, mìneachadh agus mion-sgrùdadh cudromachd co-dhiù a dhà bho thraidisean, cleachdadh, subhachas, deas-ghnàth, dòigh air prìomh thachartas beatha ann an Crìosdaidheachd a chomharrachadh, aon Chreideamh Saoghail, agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh. |

creideamh sa chomann-shòisealta.
RME 3-06b

Tha mi a' leasachadh mo thuigse mu iomadachd
creideimh na h-Alba an taobh a-staigh
Criosdaidheachd, agus an t-àite a tha aig creideamh
anns a' chomann-shòisealta.
RME 3-03b

Tha mi a' leasachadh spèis do chàch agus mo thuigse
do an creideas an luachan.
RME 3-07a

Eòlas Creideimh agus Moraltachd Ceathramh Ìre

| Eagraichearan Curraicealaim | Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh | Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh |
|-----------------------------|--|---|
| <p>Creideasan</p> | <p>An dèidh beachdachadh air prìomh chreideasan Crìosdail, 's urrainn dhomh beachdan reusanta mun deidhinn a chur an cèill, agus deasbad mar a dh'fhaodadh a bhith gan cur an gnìomh buaidh a thoirt air daoine fa leth agus air a' chomann-shòisealta. 'S urrainn dhomh taic a chur gu misneachail ri mo fhreagairtean fhìn do na ceistean creideis sin.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-01a</p> <p>An dèidh beachdachadh air prìomh chreideasan ann an creideamhan an t-saoghail, 's urrainn dhomh beachdan reusanta mun deidhinn a chur an cèill agus deasbad air mar a dh'fhaodadh an gnìomhachadh buaidh a thoirt air daoine fa leth agus air a' chomann-shòisealta, agus 's urrainn dhomh taic a chur, le misneachd, rim fhreagairtean fhìn do na ceistean creideis sin.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-04a</p> <p>'S urrainn dhomh innse mun chuideachadh a bhios creideasan Crìosdail a' toirt do leasachadh ann an Alba, a-nis agus san àm a dh'fhalbh.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-01b</p> <p>'S urrainn dhomh a mhìneachadh mar a tha creideasan ann an creideamhan an t-saoghail a' cur ri leasachadh na h-Alba, a-nis agus san àm a dh'fhalbh.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-04b</p> <p>An dèidh meòrachadh agus beachdachadh air raon de chreideamhan, de chreideasan agus beachdan</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Rannsachadh agus luachadh co-dhiù aon chùis creideis, tarraing air raon de thùsan gus freagairtean a mhìneachadh agus a choimeasadh bho Chrìosdaidheachd, aon Chreideamh Saoghail agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh. • Luachadh na dàimh eadar fèin-chreideasan agus gnìomhan. |

| | | |
|------------------------------------|---|---|
| | <p>moralta, 's urrainn dhomh beachdan fiosraichte a chur an cèill mu dheidhinn mar a dh'fhaodadh gnìomhachadh nan creideasan agus nan luachan sin, leantainn gu atharrachaidhean sa chomann-shòisealta. RME 4-09a</p> <p>'S urrainn dhomh mo fhreagairtean fhìn a mhìneachadh mu na buannachdan agus na dùbhlain a tha air an taisbeanadh tro iomadachd creideimh a' sìor fhàs, ann an Alba an latha an-diugh agus san t-saoghal air fad. RME 4-09c</p> <p>'S urrainn dhomh sgrùdadh bunaiteach a thairgsinn mu thùsan agus leasachadh chreideasan agus moraltachd. RME 4-09d</p> <p>Tha mi a' leasachadh spèis do chàch agus mo thuigse do an creideasan agus an luachan. RME 4-07a</p> <p>'S urrainn dhomh ceistean feallsanachail a chur an cèill airson ceistean no cùisean eiticeil a rannsachadh. RME 4-09e</p> | |
| <p>Luachan agus Cùisean</p> | <p>Tro dhiofar cheistean moraltachd a rannsachadh, 's urrainn dhomh smaoineachadh air freagairtean Crìosdail do na ceistean sin, agus an ceangal rim luachan fhìn, a tha a' sìor leasachadh. RME 4-02a</p> <p>Tro rannsachadh air raon de cheistean moraltachd, 's urrainn dhomh beachdachadh air freagairtean chreideamhan an t-saoghail do na ceistean sin, agus mun cho-cheangal ri mo luachan leasachail fhìn. RME 4-05a</p> <p>'S urrainn dhomh mo thuigse leasachail a thaobh</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Rannsachadh agus luachadh co-dhiù aon chùis creideis, tarraing air raon de thùsan gus freagairtean a mhìneachadh agus a choimeasadh bho Chrìosdaidheachd, aon Chreideamh Saoghail agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh. • Luachadh mar a dh'fhaodadh co-dhiù aon bheachd moraltachd a chur an gnìomh a thaobh aon chùis moraltachd. • Cur an cèill beachd leasaichte le adhbharan taic a thaobh na dàimh eadar fèin-luachan agus gnìomhan. |

moraltachd a chur an gnìomh airson beachdachadh air diofar cheistean moralta, gus dòighean a lorg a dh'fhaodadh comann-sòisealta nas ceart agus nas co-fhaireachdainneile a thoirt air adhart.

RME 4-02b RME 4-05b

'S urrainn dhomh a mhìneachadh mar a tha luachan Crìosdaidheachd a' cur ri, agus a' dùbhlachadh, comann-sòisealta na h-Alba agus comainn-shòisealta eile.

RME 4-02c

'S urrainn dhomh a mhìneachadh mar a tha luachan chreideamhan an t-saoghail a' cur ri, agus a' dùbhlachadh, comann-sòisealta na h-Alba agus comainn-shòisealta eile.

RME 4-05c

Tha mi a' leasachadh spèis do chàch agus mo thuigse do an creideas an luachan.

RME 4-07a

Tro smaoinichadh agus beachdachadh air raon de chreideamhan, chreideas an luachan agus beachdan moralta, 's urrainn dhomh beachdan fiosraichte a chur an cèill mu mar a dh'fhaodadh gnìomhachadh air na creideas an luachan sin, leantainn gu atharrachaidhean sa chomann-shòisealta.

RME 4-09a

'S urrainn dhomh mo thuigse mu dhiofar bheachdan moralta a chur an cèill, a' gabhail a-steach iadsan a tha neo-eisimeileach bho chreideamh, gu ceistean sònraichte moralta, agus tha mi mothachail air iomadachd bheachdan moralta a tha rim faighinn ann an Alba an latha an-diugh.

RME 4-09b

| | | |
|--|---|---|
| | <p>'S urrainn dhomh sgrùdadh bunaiteach a thairgsinn mu thùsan agus leasachadh chreideasan agus moraltachd.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-09d</p> <p>'S urrainn dhomh ceistean feallsanachail a chur an cèill airson ceistean no cùisean eiticeil a rannsachadh.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-09e</p> | |
| <p>Cleachdaidhean agus Traidiseanan</p> | <p>Tro rannsachadh raon de thraidiseanan, chleachdaidhean agus nòsan Crìosdail, 's urrainn dhomh am brìgh tarsainn raon de Thraidiseanan Crìosdail a mhìneachadh. 'S urrainn dhomh beachdachadh air an àite aca sin ann am beatha creideimh cho-aimsireil na h-Alba.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-03a</p> <p>Tro rannsachadh air raon de thraidiseanan, de chleachdaidhean agus nòsan chreideamhan an t-saoghail, 's urrainn dhomh beachdachadh air an àite aca sin sa bheatha cho-aimsireil.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-06a</p> <p>'S urrainn dhomh smaoineachadh mu mo fhreagairtean fhìn do na dùbhlain agus na cothroman a tha am follais tro iomadachd creideimh agus cultair na h-Alba, agus an smuain seo a leudachadh chun a' cho-theacsa chruinneil.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-03b 4-06b</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Rannsachadh, coimeasadh agus luachadh cudromachd co-dhiù a dhà bho thraidisean, cleachdadh, subhachas, deas-ghnàth, dòigh air prìomh thachartas beatha ann an Crìosdaidheachd a chomharrachadh, aon Chreideamh Saoghail, agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh. |